

## Còrr is 500 marbh ann am 'Blitz' Bhruach Chluaidh



### Suidheachadh

Tha an earrann a' cumail a-mach gur e seo aithris pàipeir-naidheachd mu Bhlitz Bhruach Chluaidh ann an 1941. Ann an artaigil tha feartan a tha cumanta ann an aithrisean pàipeir-naidheachd, mar an ceann-naidheachd, briathran fhianaisean-sùla agus ciad pharagraf a tha a' toirt geàrr-chunntais air an aithris shìlan. (NB mar a tha na teacsainchean air fad anns an t-sreath seo, tha an earrann seo air a dèanamh suas oir tha gainnead stuth dhen t-seòrsa seo airson an ama ann an Gàidhlig).



### Leughadh com-pàirtichte agus beachdachadh air an teacsa

- Bruidhinn air dè as aithne don chloinn mu Bhlitz Bhruach Chluaidh agus mun Dàrna Cogadh san fharsaingeachd, mas aithne dhaibh dad idir. Mìnich cho cudromach 's a bha Cluaidh a thaobh togail bhàtaichean agus dèanamh uidheam gunnaireachd.
- Còmhla ris a' chlas dèan cliath le trì colbhan mar a leanas:

An t-eòlas a th' agam mar-thà	An t-eòlas a tha a dhìth orm	Na dh'ionnsaich mi

- Bruidhinn air nas aithne don chloinn mar-thà mu Bhlitz Bhruach Chluaidh agus clàr am fiosrachadh sa chìad cholbh. Faighnich dè bu toigh leotha faighinn a-mach agus clàr seo anns an dàrna colbh ann an sreath cheistean. Mìnich gur dòcha gum bi cuid de na ceistean air am freagairt le bhith a' leughadh na h-aithisg ach gur dòcha gum bi rannsachadh a bharrachd a dhìth airson an còrr a fhreagairt, air neo airson freagairtean iomlan a thoirt seachad.
- Leugh an t-artaigil còmhla ris a' chloinn. Aon uair 's gu bheil iad air a leughadh, iarr air a' chloinn beachdachadh air dè na ceistean a' th' aca ri fhreagairt, agus am fiosrachadh ùr a chlàradh anns a' cholbh mu dheireadh sa chliath. A bheil iad air dad eile ionnsachadh bhon artaigil nach robh dùil aca ionnsachadh?

- Ath-leugh an teacsa agus faighnich don chloinn an urrainn dhaibh dèanamh a-mach dè an seòrsa teacsa a th' ann agus cò às as dòcha a thàinig e. Comharraich feartan san artaigil a bheir sanas air cò às a tha e agus dè is gniomh dha, mar an ceann-naidheachd, an le-loidhne, geàrr-chunntas a' chiad pharagraf 's msaa.
- Faighnich don chloinn an dèan iad a-mach bho fhianais san teacsa cuin a chaith an t-artaigil a sgrìobhadh.



### Obair

- Iarr air buidhnean tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air an stòridh le bhith a' faighinn a-mach dè an dearbh àireamh de dhaoine a chaith a mharbhadh ann am Blitz Bhruach Chluaidh, dè thachair do mhuinntir a' bhaile a chaith fhàgail gun dachaigh às dèidh nan ionnsaighean, agus dè na targaidean sònraichte a bha na bomairean Gearmailteach an dùil a sgrios. Cuir fiosrachadh iomchaidh sam bith ris a' chlàr a rinneadh roimhe.
- Iarr air buidheann de chlann nas comasaiche pròiseact rannsachaidh beag a ghabhail os làimh a tha a' dèanamh coimeas agus iomsgaradh eadar Blitz Lunnainn agus Blitz Bhruach Chluaidh. Iarr orra clàr a dhèanamh le grunn cholbhan airson fheartan mar fad na h-iomairt, àireamh air am marbhadh, àireamh thaighean air an sgrios, seòrsaichean bhomaichean air an cleachdadh, agus le sreathan airson Lunnainn agus airson Bruach Chluaidh. Thoir a-steach am beachd gum bi milleadh is fiosrachadh eile air am meas a rèir nan àireamhan-sluaign eadar-dhealaichte.



### Obair leudachaidh

- Dèan coimeas eadar pìos naidheachd air làrach-lìn a' BhBC agus an aon phìos air a chlàradh bho Radio nan Gàidheal. Dè na feartan bhon aithisg sgrìobhte a tha air an cumail san aithris rèudio agus dè an fheadhainn a tha eadar-dhealaichte?